

## Clàr-innse

Adhbhar .....	1
Cùl-fhiosrachadh .....	1
Prionnsapalan Maoineachaidh .....	5
Ceistean.....	8

## Adhbhar

Is e prìomh amas a’ cho-chomhairleachaidh seo beachdan a thional a thaobh mar as urrainn do Bhòrd na Gàidhlig am buidseat aca a chleachdadh gu h-èifeachdach ann a bhith a’ toirt taic do leasachadh Gàidhlig air feadh na h-Alba.

Ann an suidheachadh ionmhasail is poilitigeach far a bheil airgead poblach cuibhrichte, tha Bòrd na Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gu bheil iad a’ meudachadh na buaidh aca ann a bhith a’ toirt taic do chothroman a bhith a’ cleachdadh, ag ionnsachadh agus ag adhartachadh na Gàidhlig a rèir amasan a’ Phlana Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023 agus Plana Corporra a’ Bhùird.

Bu toil leinn beachdan fhaighinn air ais bho luchd-ùidh a thaobh mar a tha Bòrd na Gàidhlig an-dràsta a’ cleachdadh a’ bhuidseit leasachaidh aca, èifeachdas nam buidhnean agus nam pròiseactan a gheibh taic, agus molaidhean a thaobh mar as urrainnear sgeamaichean maoineachaidh a’ Bhùird a dhèanamh nas èifeachdaiche agus nas ruigsinnich. Bidh na molaidhean sin a’ cur taic fiosrachaidh ri ar sgeamaichean maoineachaidh airson 2021/22 air adhart, a’ gabhail a-steach ar prògram maoineachaidh com-pàirtiche libhrigidh 2022-2025 a tha san amharc (a thathar an dùil a dh’fhosglas airson tagraidhean ann an 2021).

## Cùl-fhiosrachadh

Tha Bòrd na Gàidhlig air a mhaoineachadh le tabhartas-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba. Airson na bliadhna ionmhasail 2020/21, fhuair a’ bhuidheann £5.179m.

Tha an litir tabhartais-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba a’ sònrachadh gum feumar na suimean a leanas a chaitheamh a dh’ionnsaigh nan adhbharan a leanas:

- Cosgaisean bunaiteach - £1.629m aig a’ char as àirde
  - A’ toirt a-steach maoineachadh sònraichte airson dreuchd Oifigear Trusaidh Luchd-teagaisg
- Maoin Buileachadh Achd na Gàidhlig (GLAIF) - co-dhiù £1.14m
- Leasachadh na Gàidhlig - £2.405m

- A' toirt a-steach maoin eachadh sònraichte de bhursaraidhean Gàidhlig Alba Nuaidh

Airson 2020/21, fhuair Bòrd na Gàidhlig cuideachd £100k a bharrachd bho Chomann nam Pàrant tro Mhaoin Eadar-theachd Tràth Cloinne is Dhaoine Òga Riaghaltas na h-Alba & Maoin Ionnsachadh Inbheach agus Comasachadh Choimhearsnachdan gus taic a thoirt do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean.

Bhon bhunait seo, tha buidseat làithreach Bòrd na Gàidhlig airson na bliadhna ionmhasail 2020/21 air a roinn ann an còig raointean:

- Cosgaisean bunaiteach – £1.629m

Luchd-obrach agus obair Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann, a' gabhail a-steach: leasachadh agus dearcnachadh air Planaichean Cànain Gàidhlig agus am Plana Nàiseanta Gàidhlig; taic do leasachadh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig agus buidhnean tràth-bhliadhnaichean; toirt seachad taic rannsachaidh; toirt taic agus stiùireadh do bhuidhnean ealain is coimhearsnachd; ruith sgeamaichean maoin eachaidh agus barrachd.

- Com-pàirtichean libhrigidh – £1.7m

Maoin eachadh bunaiteach agus pròiseict airson lìonra de 13 buidheann air feadh na h-Alba a fhuair gealladh maoin eachaidh trì-bliadhna eadar an Giblean 2019 agus am Màrt 2022 gus obair Bòrd na Gàidhlig a leudachadh, gu sònraichte ann a bhith a' dol an sàs leis a' Ghàidhlig aig ìre coimhearsnachd.

Am measg nan com-pàirtichean libhrigidh (le airgead a fhuair iad ann an 2020/21) tha:

- **Comunn na Gàidhlig (a' gabhail a-steach Comann nam Pàrant) - £463,700**

Libhrigeadh lìonra de 13 oifigearan leasachaidh lomairtean air feadh na h-Alba; toirt taic do bhuidhnean phàrant gus solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig iarraidh; toirt taic do bhuidhnean Sradagan ionadail; ruith prògram nàiseanta a' toirt a-steach Seachain Dhùn Èideann, Cuach na Cloinne agus campaichean samhraidh.

- **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig - £314,741**

Leasachadh ghoireasan foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig airson gach ìre foghlaim; toirt taic do CLPL do thidsearan tron Alltan agus tachartasan eile; toirt taic do thidsearan tro ghoireasan air-loidhne; toirt taic do phàrantan tro Gaelic4Parents; ùr-ghnàthachadh ann an raon foghlaim na Gàidhlig

- **Sabhal Mòr Ostaig - £198,100**

A' maoin eachadh 3 pròiseactan eadar-dhealaichte:

- Ainmean-Àite na h-Alba - £81,600

Libhrigeadh seirbheis rannsachaidh airson ainmean-àite Gàidhlig; togail stòr-dàta de dh'ainmean-àite Gàidhlig a tha ruigsinneach do na h-uile

- Faclair na Gàidhlig - £76,500

Cur ri chèile faclair eachdraidheil den Ghàidhlig; trèanadh eòlaichean-faclair Gàidhlig

- Tobar an Dualchais - £40,000

Libhrigeadh goireas dualchais air-loidhne; conaltradh ri coimhearsnachdan gus an dualchas aca a ghlacadh agus a ghleidheadh

- **Comhairle nan Leabhraichean** - £180,770

Toirt stiùireadh ro-innleachdail do litreachas Gàidhlig; toirt taic foillseachaidh is margaidheachd do sgrìobhadairean Gàidhlig; brosnachadh litreachas Gàidhlig aig tachartasan agus tro dhuisean

- **Fèisean nan Gàidheal** - £145,600

Brosnachadh Gàidhlig tro na h-ealain thraidiseanta; teagasg Gàidhlig tro na h-ealain; toirt taic do dhràma Gàidhlig; toirt chothroman taobh a-muigh na sgoile airson Gàidhlig a chleachdadh am measg sgoilearan foghlam Gàidhlig

- **Ionad Chaluum Chille Ìle** - £104,960

Libhrigeadh ionad Gàidhlig ann an Ìle; ruith chlasaichean Gàidhlig agus seiseanan còmhraidh san ionad agus tro VC; ruith club film Gàidhlig; libhrigeadh àite airson tachartasan Gàidhlig ann an Ìle

- **An Comunn Gàidhealach** - £100,850

Cur air dòigh am Mòd Nàiseanta Rìoghail; toirt taic do Mhòdan ionadail air feadh na dùthcha; libhrigeadh seiseanan ullachaidh do dhaoine òga airson Mhòdan; brosnachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig

- **Ceòlas Uibhist** - £57,700

Libhrigeadh clasaichean Gàidhlig coimhearsnachd agus eòlasan bogaidh ann an Uibhist a Deas; libhrigeadh tachartasan ealain tro mheadhan na Gàidhlig

- **Acair** - £57,540

Foillseachadh leabhraichean Gàidhlig; toirt taic do sgrìobhadairean agus eadar-theangairean Gàidhlig ùra; brosnachadh litreachas Gàidhlig aig fèisean agus tachartasan

- **Theatre gu Leòr** - £55,870

Dèanamh tèatar proifeasanta tro mheadhan na Gàidhlig; toirt taic don roinn dràma Ghàidhlig

- **An Lòchran** - £35,000

Libhrigeadh ionad Gàidhlig ann an Glaschu; ruith prògram ealain

Tha £100,000 den mhaoineachadh seo cuideachadh ga thabhan dha chom-pàirtichean libhrigidh mar phàirt de mhaoin dùbhlain, “Maoin Co-obrachaidh na Gàidhlig”, gus pròiseactan co-obrachail a bhrosnachadh agus obair eadar com-pàirtichean libhrigidh agus treas phàrtaidhean.

- GLAIF - £1.14m

Sruth maoin eachaidh gu sònraichte airson taic a thoirt do dh’ùghdarrasan poblach agus pròiseactan ro-innleachdail ann a bhith a’ buileachadh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, am Plana Nàiseanta Gàidhlig agus planaichean cànan Gàidhlig ùghdarrasan fa leth. Mar as trice bidh e a’ toirt taic do thimcheall air 70 pròiseact eadar-dhealaichte bho air feadh 30 ùghdarras poblach no ionadail gach bliadhna.

NB - Airson cuid de chom-pàirtichean libhrigidh a bhios ag obair gu dlùth le ùghdarrasan poblach, tha eileamaidean de mhaoineachadh com-pàirtiche libhrigidh agus GLAIF a’ dol thairis air a chèile (me com-pàrteachasan eadar Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail gus taic a thoirt do lìonra

Iomairtean Comunn na Gàidhlig; maoin eachadh obair Ainmean-àite na h-Alba ann a bhith a' rannsachadh ainmean-àite do ùghdarrasan ionadail).

- Sgeamaichean maoin eachaidh – £574k

A' toirt maoin eachadh do bhuidhnean coimhearsnachd, buidhnean carthannais, ùghdarrasan poblach agus daoine fa leth gus amasan Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig a choileanadh tro chòig sgeamaichean maoin eachaidh eadar-dhealaichte:

- Taic Freumhan Coimhearsnachd (tabhartasan do phròiseactan coimhearsnachd)
- Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean (ann an com-pàirteachas ri Comann nam Parant agus Maoin CYPEIF & ALEC Riaghaltas na h-Alba)
- Tabhartasan Foghlaim (gus taic a thoirt do dh'oileanaich a tha ag iarraidh dreuchd ann an teagasg FMG agus gus taic a thoirt do CLPL airson tidsearan FMG)
- Colmille (a' toirt taic do cheanglaichean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge ann an com-pàirteachas ri Foras na Gaeilge)

Faodar maoin eachadh a thoirt seachad gu roghnach tro thagraidhean taobh a-muigh nan sgeamaichean maoin eachaidh far a bheil am Bòrd den bheachd gu bheil e soilleir gun libhrig am pròiseact eileamaidean den Phlana Chorporra aca.

Ann an 2020/21 chaidh maoin shònraichte a chruthachadh cuideachd gus taic a thoirt do bhuidhnean ann a bhith a' dèiligeadh ris a' ghalar sgaoilte COVID-19.

Thar nan sruthan maoin eachaidh sin mar as trice tha timcheall air 300 duais gach bliadhna.

- Pròiseactan le taic bho Bòrd na Gàidhlig - £255k

Pròiseactan air an ruith le, ann an com-pàirteachas ri, le taic bho, no air an coimiseanadh le Bòrd na Gàidhlig gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig.

Mar eisimpleir:

- LearnGaelic.scot
- FilmG:
- Na Duaisean Gàidhlig
- Bursaraidhean Gàidhlig Alba Nuaidh
- #cleachdi
- Siuthad (fòram obraichean òigridh)
- Pròiseactan corpais agus coimiseanan rannsachaidh (me dàta foghlaim)

## Prionnsapalan Maoineachaidh

Is e prìomh amas buidseat leasachaidh Bòrd na Gàidhlig taic a thoirt do phròiseactan no iomairtean a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh ar lèirsinn a thaobh adhartas airson na Gàidhlig.

Gus seo a dhèanamh, bidh sinn ag obair le measgachadh farsaing de luchd-ùidh le feumalachdan agus lèirsinn eadar-dhealaichte:

- Ùghdarrasan Poblach
- Buidhnean Gàidhlig
- Buidhnean coimhearsnachd
- Buidhnean carthannais (ionadail agus nàiseanta)
- Luchd-ealain
- Oileanaich

Gus maoineachadh a dhèanamh ruigsinneach don luchd-ùidh sin, bu chòir gum biodh raon de dhiofar dhòighean ann air maoin fhaighinn:


- Maoineachadh cunbhalach, meadhan-ùine gus cothroman a thoirt do bhuidhnean an obair aca a phlanadh nas fhaide air adhart, luach an airgid agus tèarainteachd a libhrigeadh
- Maoineachadh co-aimsireil gus amasan eadar-dhealaichte a thoirt air adhart no taic a thoirt do choimhearsnachdan sònraichte no seòrsachan pròiseict (me toirt taic do cheanglaichean thar-chrìochan le Èirinn tro iomairt Cholmcille, toirt taic do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean no clasaichean Gàidhlig)
- Maoineachadh fosgailte, roghnach gus beachdan ùra agus fuasglaidhean sònraichte a cheadachadh

Tha obrachadh ar maoineachaidh stèidhichte air trì prìomh phrionnsapalan:

- Fàs na Gàidhlig
- Luach an Airgid
- Gun gabh a Libhrigeadh agus gun gabh builean a Thomhas

### 1. Fàs na Gàidhlig

Airson a h-uile pròiseact agus buidheann a bhios Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh, tha na toraidhean ris a bheil dùil/deireannach air an tomhas a rèir amasan Plana Corporra a' Bhùird, a tha stèidhichte air prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.



Is e ar prìomhachas ann a bhith a’ maoinachadh pròiseact sam bith dèanamh cinnteach gu bheil ar tabhartas maoinachaidh a’ toirt taic do chleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig mar phàirt den phròiseact sin, agus mar sin gu bheil na sgeamaichean maoinachaidh againn a’ toirt duais mhòr do phròiseactan a tha air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.

## 2. Luach an Airgid

Mar bhuidheann phoblach tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig an luach as fheàrr fhaighinn airson airgead poblach. Mar sin, airson gach pròiseact a tha sinn a’ maoinachadh feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil an ìre maoinachaidh a bheir sinn seachad a rèir nan toraidhean ris a bheil dùil bhon phròiseact agus na tha an lùib a' phròiseict.

Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh a bhith a’ dèanamh cinnteach à luach an airgid agus feumaidh pròiseactan a bhith a’ toirt a-steach ìre de mhaoineachadh bho bhuidheann eile (mar as trice co-dhiù 20%) agus gum bi a h-uile pròiseact a’ sealltainn gun urrainn dhaibh teachd-a-steach buntainneach fhaighinn bho bhith a’ togail airgead, tabhartasan com-pàirtiche no tabhartasan bho stòran eile.

Leis gu bheil maoinachadh cuibhrichte, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air a bhith na bhuidheann a bhios a’ brosnachadh àbhaisteachadh na Gàidhlig taobh a-staigh obair no buidhnean a tha ann mar-thà - agus mar sin bidh iad ag amas air prìomhachas a thoirt do phròiseactan ùra agus innleachdach agus taic a thoirt do phròiseactan leantainneach air sgèile ghluasadach taice no ann an com-pàirteachas ri buidhnean eile.

Bu chòir dùil a bhith aig pròiseactan cuideachd sealltainn mar a tha iad a’ ceangal ri buidhnean, tachartasan no pròiseactan eile oir faodaidh co-obrachadh luach an airgid agus libhrigeadh bhuilean adhartachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil eòlas agus deagh chleachdadh air a cho-roinn.

### 3. Gun gabh a libhrigeadh agus gun gabh builean a Thomhas

Tha e cudromach dhuinn dèanamh cinnteach gun urrainn do bhuidhnean a gheibh maoinachadh na h-amasan aca a choileanadh agus gun urrainn dhaibh buaidh na h-obrach aca a thomhas gus an tèid amasan ar Plana Corporra agus am Plana Gàidhlig Nàiseanta a choileanadh.

Tha ar Plana Corporra a' toirt a-steach prìomh chomharran coileanaidh agus bidh sinn ag iarraidh air a h-uile pròiseact a tha sinn a' maoinachadh a bhith a' faighneachd nan ceistean càileachd a leanas don fheadhainn a tha an sàs sa phròiseact:

- A bheil am pròiseact seo air do bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice?
- A bheil am pròiseact seo air do sgilean Gàidhlig a leasachadh?
- A bheil am pròiseact seo air toirt ort creidsinn nas làidire gu bheil Gàidhlig cudromach do dh'Alba?

Cuidichidh na freagairtean sinn a thaobh dealbh nàiseanta a thogail den obair a thathas a' maoinachadh gus taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig agus an deagh bhuaidh a tha aig a' Ghàidhlig air beatha dhaoine.

Mar sin, tha e deatamach gun urrainn do phròiseactan cur ris an dealbh nàiseanta seo le bhith a' toirt seachad fiosrachadh mun fhreagairt don phròiseact aca agus na daoine air an tug e buaidh.

## Ceistean

### Com-pàirtichean Libhrigidh

1. A bheil thu den bheachd gu bheil an lìonra chom-pàirtichean libhrigidh a th' ann an-dràsta èifeachdach agus a' toirt seachad luach an airgid ann a bhith a' libhrigeadh amasan Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig?
2. A bheil thu den bheachd gu bheil taic ri fhaotainn bhon a' Bhòrd gus taic a chumail ris a' bhuidheann agaibh a bhith ag obair ann an com-pàirt le buidhnean eile, agus mur eil dè an taic a bhiodh thu smaoinichadh a bhiodh freagarrach?
3. A bheil thu den bheachd gu bheil taic ri fhaotainn bhon a' Bhòrd airson taic a chumail ris a' bhuidheann agaibh a thaobh goireasan is trèanadh a thaobh conaltradh is tèicneòlas fiosrachaidh, agus mur eil de an taic a bhiodh thu smaoinichadh a bhiodh freagarrach?
4. A bheil thu den bheachd gu bheil an cothromachadh maoinichaidh a th' ann an-dràsta eadar com-pàirtichean libhrigidh, sgeamaichean maoinichaidh agus pròiseactan a gheibh taic bho Bòrd na Gàidhlig a' libhrigeadh prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus a' dèiligeadh ri feumalachdan na coimhearsnachd Ghàidhlig?
5. A bheil molaidhean sam bith agaibh a bhiodh leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig cumail taic ri buidhnean a tha libhrigeadh pròiseactan Gàidhlig?

### Sgeamaichean maoinichaidh

6. A bheil thu den bheachd gu bheil na sgeamaichean maoinichaidh aig Bòrd na Gàidhlig an-dràsta a' dèiligeadh gu h-ìomchaidh ri prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig agus na coimhearsnachd Gàidhlig, agus mura h-eil, dè na h-atharrachaidhean a bhiodh tu a' moladh gus an leasachadh?
7. A bheil sgeamaichean maoinichaidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt cothrom gu leòr dhut fhèin no don bhuidheann agad taic a thoirt do na h-amasan agad ann an leasachadh na Gàidhlig? Mura h-eil, ciamar a mholadh tu dèiligeadh ri seo?
8. A bheil thu ag aontachadh ris na prionnsapalan maoinichaidh agus a bheil dad sam bith eile a bhiodh tu a' moladh gus an leasachadh?
9. A bheil molaidhean sam bith eile agaibh a bhiodh leasachadh sgeamaichean maoinichaidh Bòrd na Gàidhlig?

### San fharsaingeachd

10. A bheil molaidhean sam bith eile agaibh a bhiodh leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh am buidseat leasachaidh aige?